

A' Fàgail an Eilein – Puingean Deasbaid

1. Dè cho cudromach 's a tha tiotal an leabhair? A bheil brìgh an tiotail ag obair aig diofair ìrean no a bheil barrachd air aon chiall aig an tiotal?
2. Tha prìomh chuspairean an sgeòil a' gabhail a-steach tighinn gu inbheachd agus gluasad is siubhail gu àitichean ùra. Ciamar a tha dàimhean teaghlaich co-cheangailte gu dlùth ris na cuspairean sin?
3. Tha e coltach gu bheil saorsa gu leòr aig Màiri is i a' dèanamh mar a thogras i na beatha. A bheil sibh a' smaoinichadh gu robh sin cumanta anns na seasgadan agus gu robh saorsa den aon sheòrsa aig a h-uile tè no fear òg aig an àm sin? A bheil pàrantan Màiri a' cumail sùil oirre gu ceart? A bheil an aon seòrsa saorsa aig òigridh là an-diugh?
4. Dè ur beachd mun dàimh eadar Màiri is a màthair? A bheil sibh a' smaoinichadh gur e dìreach gu bheil Mem cho trang nach urrainn dhi bruidhinn ri Màiri mu rudan pearsanta no a bheil adhbharan eile ann?
5. Tha ìomhaighean a' nochdadh gu cunbhalach anns an leabhar. Carson a tha am fonn "Largo" aig Dvorak na ìomhaigh cho cudromach? Dè tha e a' riochdachadh? A bheil an truinnsach ròsach a' riochdachadh an aon rud – no rud gu tur eadar-dhealaichte?
6. Tha Màiri a' tòiseachadh air a periods agus tha i a' faighinn foghlam feise aig an àrd-sgoil cuideachd. Tha e follaiseach gu robh na cuspairean sin air an cumail caran dìomhair – fiu 's anns na "Swinging Sixties". A bheil cùisean nas fhosgailte anns na làithean sa? A bheil beachdan air atharrachadh thairis air na bliadhnaichean?
7. Dè ur beachd mu na prìomh characteran fireann? A bheil iad cho làidir ris na characteran boireann? A bheil Màiri coltach ri a h-athair ann an dòigh sam bith? An do chuir eachdraidh a h-athar iongnadh oirbh? Dè mu dheidhinn a co-ogha, Aonghas – dè cho coltach 's a tha e rithese?
8. Tha Màiri a' tòiseachadh air beatha ùr aig deireadh an sgeòil. Saoil dè thachras dhi anns an àm ri teachd?